

Dòigh-chomhardaidh

Tha comhardaidhean ann an **clò trom** 's tha amas/comhardadh gun chudthrom ann an *clò eadailteach*.

'S e guth ùr a tha seo; cò leis e? Ag obair mar shèist tron òran, cuideachd a' briseadh an ruitheim.

# Na h-Evacuees

Ann an dubh agus geal tha na pàistean  
Tro na sràidean a' coiseachd  
Masgan gas agus pocain nan làmhnan  
Dol gu àite nach eòlach.

*Tha mi ag iarraidh mo Mham!*

Chaidh bileagan chur orra le prìne  
H-uile nighneag is gille  
Le an ainmean orra sgrìobhte  
Mar a chithte air lìtir.

*Tha mi ag iarraidh mo Mham!*

Anns an stèisean, ceann-uidhe an **cuairte**  
A-measg **fuaim** is **gleadhraich**  
Chithte ionndrainn is iargain orr' **bualadh**  
Mar a **chualar** an fheadag.

*Tha mi ag iarraidh mo Mham!*

Ràinig iad sgìth is salach is **claidhte**  
Cuid a' **caoineadh** 's a' **rànaich**  
'S thugadh air falbh dithis, triùir, **aonan**  
Dol nan **aoighean** a thaigh **strainnseir**.

*Tha mi ag iarraidh mo Mham!*

Ged bhon chunnart gu h-àrd bha iad **sàbhailt**  
Ò na **Nàtsaich** lem boman  
An oidhch' sin b' iomadh pàiste is **pàrant**  
A bha **cràiteach** is brònach

*Tha mi ag iarraidh mo Dhòmhnall,  
Ò mo bhalachan beag,  
Ò mo ghaoil!*

'S e iomhaigh neo-chàirdeil a th' ann am prìne; a' crìochnachadh le samhla, clann gan cur air falbh mar litrichean

Iomadh buadhair brònach airson clann airson cudthrom, atharrais nam faclan 'caoinidh'

Guth ùr a-rithist; mac-talla na sèist ach gun a mhaidsadh. An e freagairt don t-sèist a th' ann?

An tràth air atharrachadh – a' chiad rann san tràth làthaireach, tuairisgeul air an tiota a th' air a ghlacadh san dealbh-chamara – seo a-nis san tràth seachad, ag innse na sgeulachd. Aona sreath san tràth làthaireach. Tòrr sa mhodh fhulangach – neo-phearsanta.

Iomsgaradh air a dhèanamh eadar stèisean fuaimneach agus clann aonaranach – brònach am measg mì-riaghailt. Faclan fuaime air an ath-aithris airson cudthrom (fuaim is gleadhraich) agus iomhaigh fuaime/sùla eile, an fheadag, a' dùnadh.

Bràithrean is peathraichean gu tric air an cumail còmhla ach chaidh iomadh leanabh na aonar gu dachaigh ùr

A' chiad iomradh air adhbharan airson a' chlann a chur air falbh agus a' chiad iomradh air an fheadhainn eile a bha na lùib – bidh sinn a' cuimseachadh air a' chloinn ach bha pàrantan air an sgaradh bhon cuid chloinne, 's math dh'fhaodte nach fhaiceadh iad tuilleadh iad. Uaim a' ceangal pàrantan agus clann ri chèile (agus an aonaranachd a bha iad a' faireachdainn)